

Prèasant do do bhèibidh



Tha sinn an dòchas gun còrd am prèasant seo bho Riaghaltas na h-Alba, gus fàilte a chur air do leanabh, riut.

Gus cur ri sunnd do leanaibh anns a' chiad beagan mhìosan a tha ro-cudromach, tha sinn air aodach, aodach-leapa agus tòrr rudan feumail eile a thoirt seachad gus an toiseach tòiseachaidh as fheàrr a thoirt do do leanabh nam beatha.

Tha e cuideachd làn rudan as urrainn dhut cleachdadh gus ceangal a dhèanamh ri do phàiste beag ann an dòigh shocair, ghràdhach. Airson molaidhean mu bhith a' cleachdadh nan nithean sa Bhogsa Bèibidh agad gus dlùth-cheangal a thogail le do bhèibidh, tadhail air parentclub.scot/baby-box-items

Tha bobhstair, dìonadair bobhstair, siota fiotaichte agus plaide ann cuideachd gus an urrainn dhut a chleachdadh mar àite sàbhailte is cofhurtail far an urrainn do do leanabh cadal (faic taobhan-duilleig 4-5). Nuair a tha iad ro mhòr airson cadal ann, nì e deagh bhogsa cuimhneachaidh no bogsa dhèideagan.

Thoir an aire gur dòcha gum bi stuthan eadar-dhealaichte ann am Bogsaichean Bèibidh fa leth.

A bheil rudeigin a dhìth no briste?
Cuiribh fios gu
scotlandsbabybox@theapsgroup.com
no cuiribh fòn gu **0800 030 8003**



Thoir iomradh air an àireamh clàraidh a tha air a' bhileig a fhuair thu nuair a fhuair thu do choinneamh 20-24 seachdain leis a' bhean-ghlùine.